


## Ceistean



**Coimhead air duilleag 119.**

- 1. Dè am facal no abairt eile a tha a' ciallachadh an aon rud ris an fhacal 'sanntach' an seo.**
- 2. Nad fhaclan fhèin, inns dè tha an gnàthas-cainnt, "gur daor a cheannaich mi an rud a fhuair mi an-asgaidh" a' ciallachadh san dàrna paragraf.**
- 3. Nad fhaclan fhèin, mìnich am facal 'ìmpis'.**
- 4. Dè a' bhuaidh a th' aige gu bheil an sgrìobhadair a' cleachdadh an fhacail 'villa'?**

**Coimhead air duilleag 121.**

**5. Mìnich ‘tumadh’ nad fhaclan fhèin.**

**Coimhead air duilleag 122.**

“... eangarra ...”

**6. Mìnich ‘eangarra’ nad fhaclan fhèin.**

**Coimhead air duilleag 123.**

**7. (a) Dè an sgit-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh aig toiseach a’ chiad pharagraf?**

**(b) Dè a’ bhuidh a th’ aig an sgit-sgrìobhaidh seo?**

**Coimhead air duilleag 128.**

“Thug e mo char asamsa...”

**8. Dè tha thusa a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo san dàrna paragraf?**

**“Ghoideadh am fear ud a’ bhoiteag bhon chirc dhal.”**

**9. Dè tha thu a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo san aon pharagraf?**

**Coimhead air duilleag 138 agus an sgeulachd air fad...**

**“Chan e boireannach sanntach a th’ annam.”**

**10. Tha e inntinneach gu bheil an sgeulachd a’ tòiseachadh agus a’ crìochnachadh leis na faclan seo.**

**Tron sgeulachd, tha e nochdte gur e boireannach sanntach a th’ innte.**

**Tagh dà abairt bhon sgeulachd agus mìnich mar a tha iad a’ dearbhadh gun robh am boireannach dha-rìribh sanntach.**